

Ceum 1: Dè do dhuilgheadas?

Gu h-obann chan eil airgead agam

- Obair ga call / nas lugha uairean
- Airgead ga chall / cosgais gun dùil
- Tubaist (me tuil no teine)
- Dàimh a' briseadh sìos
- Airgead ga stad (me deuchainn meidigeach)
- Fo smachd-bhann - faic roghainn 5

Faic Roghainnean: **1 2 5 6**

Chan eil mo chuid airgid a' dol fada gu leòr

- Roghainn eadar biadh/connadh/fòn
- Teachd-a-steach ìosal no cùmhnant 0 uair
- Pàigheadh Tinneis Reachdail ro ìosal
- Mì-chinnt mu ion-roghnachd airson taic
- Suidheachadh air atharrachadh (me leanabh ùr/ bàs/ tinneas/ air cèile fhàgail)

Faic Roghainn: **2**

Tha fiachan orm

- Fiachan màil no Cìse Comhairle
- Gas no dealan
- Iasadan latha-pàighidh
- Caraidean is teaghlach
- Ais-phàighidhean sochaire

Faic Roghainn: **3**

Tha mi a' feitheamh pàigheadh/co-dhùnadh sochaire

- Rinn mi tagradh ùr airson sochair
- Tha dàil sa phàigheadh shochaire
- A' feitheamh co-dhùnadh mu shochair

Faic Roghainn: **1 4**

Ceum 2: Dè na roghainnean?

1 Maoin Sochair na h-Alba

'S dòcha gun urrainn do dhaoine air teachd-a-steach ìosal **tabhartas èiginn** fhaighinn bhon Chomhairle.

'S e pàigheadh a tha seo a chuidicheas tu ri linn cùis-èiginn no tubaist, no le cosgaisean ris nach robh dùil. Chan fheumar tabhartasan èiginn a phàigheadh air ais (chan e iasad a th' ann).

Càit am faigh mi taic? **A B C**

2 Meudaich do Theachd-a-steach

Faodaidh duine sam bith a tha a' strì le ionmhas sgrùdadh sochaire fhaighinn is comhairle an-asgaidh is dìomhair fhaighinn o chomhairleach.

Nì **sgrùdadh sochaire** cinnteach gu bheil thu a' faighinn an airgid air fad air a bheil thu airidh, gu h-àraid ma dh'atharraich an suidheachadh agad o chionn ghoirid. Faodaidh comhairleach do chuideachadh a' lorg chùmhnantan nas saoire air rudan mar gas is dealan agus dèanamh cinnteach nach eil thu a' call a-mach air rudan mar tabhartasan aodach-sgoile no biadh sgoile an-asgaidh.

Càit am faigh mi taic? **A B**

3 Comhairle mu Fhìachan

Faodaidh duine sam bith a bhith ann am fiachan. Faodaidh comhairle is taic an-asgaidh do chuideachadh gus smachd a chumail air na fiachan agad agus na tha thu a' pàigheadh gach mìos a lùghdachadh.

Càit am faigh mi taic? **A B**

Ceum 2: Dè na roghainnean?

4 Pàigheadh Sochair Ro Làimh

Ma tha thu air tagradh ùr a chur a-steach airson sochair is tu gann de dh'airgead fhad 's a tha thu a' feitheamh do chiad phàigheadh, 's dòcha gum faigh thu pàigheadh ro làimh airson rudan mar màl no biadh. Tha e cudromach comhairle fhaighinn mus iarr thu pàigheadh ro làimh. Feumar pàighidhean ro làimh a phàigheadh air ais, is thig iad às na pàighidhean sochaire agad san àm ri teachd (iasad).

Càit am faigh mi taic? **A B**

5 Pàigheadh Cruadail

Ma chaidh do chur fo smachd-bhann, 's dòcha gum faod thu pàigheadh cruadail iarraidh on Ionad-obrach. Chan eil pàighidhean cruadail an-còmhnaidh air am pàigheadh sa bhad, agus chan eil iad rim faotainn dhan a h-uile duine. Feumar pàighidhean cruadail Creideas Uile-choitcheann a phàigheadh air ais (iasad), ach chan fheumar pàighidhean cruadail Cuibhreann Sireadair Obrach no Cuibhreann Taic Cosnaidh (chan e iasadan a th' anna).

Càit am faigh mi taic? **A B**

6 Cuir an Aghaidh Co-dhùnadh

Faodaidh tu cur an aghaidh co-dhùnadh mu shochair ma chaidh an t-sochair agad a stad / chur fo smachd-bhann / lùghdachadh / dhiùltadh, no ma chaidh cus a phàigheadh dhut. Mar as trice feumar cuir an aghaidh co-dhùnadh taobh a-staigh mìos.

Càit am faigh mi taic? **A B**

Ceum 3: Càit am faigh mi taic?

A Comhairle na Gàidhealtachd

Tha an Sgioba Taic Sochaire a' toirt taic neo-phàirteach, dìomhair is an-asgaidh gus am faigh thu gach sochair air a bheil thu airidh

0800 090 1004

welfare.support@highland.gov.uk

B Biùro Comhairleachadh a' Phobail

Comhairle neo-phàirteach, dìomhair, an-asgaidh mu shochair, fiachan, airgead is taigheadas

Gallaibh

01847 894243

bureau@caithnesscab.casonline.org.uk

Cataibh a Tuath is an Iar

01971 521730

NWS-Bureau@NWSCAB.casonline.org.uk

Cataibh an Ear is Meadhan Chataibh

01408 633000

advice@ecscab.org.uk

Ros is Cromba

01349 883333

bureau@alnesscab.casonline.org.uk

An t-Eilean Sgitheanach is Loch Aillse

01478 612032

adviser@slcab.org.uk

Inbhir Narann

01667 456677

bureau@nairncab.casonline.org.uk

Loch Abar

01397 705311

adviser@lochaberCAB.casonline.org.uk

Inbhir Nis, Bàideanach is Srath Spè

01463 237644

enquiries@invernesscab.casonline.org.uk

Ceum 3: Càit am faigh mi taic?

C Maoin Sochair na h-Alba

Tabhartasan Èiginn airson cosgaisean èiginn a chòmhdach

0800 083 1887

www.highland.gov.uk/welfare-fund

Taic Eile

Lùth Dachaigh Alba

Comhairle neo-phàirteach is an-asgaidh mu

èifeachdas lùtha

0808 808 2282

www.homeenergyscotland.org

Shelter

Comhairle taigheadais an-asgaidh

0808 800 4444

scotland.shelter.org.uk

Tèarainteachd Shòisealta Alba

Bruidhinn ri cuideigin mu iarrtas sochaire

0800 182 2222

www.mygov.scot/benefits

Breathing Space

Loidhne-fòn dìomhair airson neach sam bith a tha a' faireachdainn ìosal, iomagaineach no fo

throm-inntinn

0800 83 85 87

www.breathingspace.scot

Clear Your Head

Cuideachadh le slàinte is sunnd inntinn

www.clearyourhead.scot

Salvation Army

Comhairle Taigheadais

01463 234123

invernessresettlement@salvationarmy.org.uk

Ùraichte air: 16/11/20

Fios air ais? Thoir dhuinn do bheachd air an iùl seo aig
www.bit.ly/moneyadvicefeedback

A' gabhail uallach mu airgead?

Gheibhear comhairle is taic ionmhasail ma tha thu gann de dh'airgead

Lean na ceumannan seo airson fios mu far am faigh thu cuideachadh sa Ghàidhealtachd



Social Security Scotland
Tèarainteachd Shòisealta Alba

